

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Am Fiadh Iapanach

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 1,107. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 803 corresponds to Litir 1,107.

Bha mi a’ coiseachd gu mall tro choille bheithe. Bha an talamh garbh agus cas. Fada fodham, bho àm gu àm, eadar na craobhan, **chithinn Loch Nis**. Bha fraoch a’ bhadaid agus am fraoch Frangach fo bhlàth. Bha na dearcan-gorma no dearcan-coille an ire mhath abaich. Gu dearbh, dh’ith mi tè no dhà. **Bha mi air mo dhòigh**.

Air an talamh, far an robh poll, bha lorgan-coise aig fiadh air choreigin. Bha iad a’ coimhead rud beag na bu lugha na lorgan-coise an fhèidh ruaidh. Agus bha am buachar aca car coltach ri buachar caorach, ach rud beag na bu mhotha.

An uair sin, chunnaic mi eilid. Bha i eadar donn is glas, car dorch, agus le stiall far an robh a cnàmh-droma. Chan fhac’ i mi, agus chaidh mi ga h-ionnsaigh gu slaodach. Bha a’ ghaoth fàbharach dhomh. Bha i a’ sèideadh gam ionnsaigh. Bha an eilid ri snotaireachd fad na h-ùine, ach cha d’ fhairich i m’ fhàileadh.

Bha mi gu math faisg oirre nuair a chlisg i. Cha robh i air m’ fhaicinn, ach fhuair i rabhadh bho fhiadh eile. Bha am fuaim neònach, rudeigin mar chomhartaich aig abhag. Chunnaic fiadh eile mi, no dh’fhairich e m’ fhàileadh. Chan fhaighinn cho faisg air fiadh eile air an latha sin.

Bha am fuaim-rabhaidh ag innse dhomh gur e gnè car annasach a bh’ anns an fhiadh. Cha b’ e fèidh ruadha a bh’ annta, no earbaichean. ’S e a bh’ annta ach fèidh Iapanach, seòrsa ris an canar ann am Beurla *sika deer*. Tha iad pailt gu leòr ann an cuid de sgìrean, taobh a deas Loch Nis nam measg. Bidh iad a’ dèanamh tòrr dhiofar fhuaimnean, eadar fead, sgreuch, glagadaich is gnòst.

Tha am fiadh Iapanach beagan nas lugha na ’m fiadh ruadh. Tha na leabhraichean ag innse dhuinn nach e beathach sòisealta a th’ ann ach a-mhàin sa gheamhradh. Ach chunnaic mi gu leòr dhiubh anns an aon cheàrnaidh an latha sin. Aon turas bha dà dhiubh làimh ri chèile, agus iad a’ spioladh ’s ag ionaltradh còmhla. Agus bha iad sòisealta gu leòr gus rabhadh a thoirt do chàch a chèile gun robh cunnart ann.

Tha am fiadh Iapanach pailt ann an cuid de dh’àiteachan thairis air tìr-mòr na Gàidhealtachd agus anns na Crìochan. Tha iad cuideachd ann an Sasainn agus Èirinn. Thathar a’ smaoineachadh gun robh iad air an toirt a-steach a dh’aona-ghnothach le uachdaran anns an naoidheamh linn deug.

Is bochd sin, oir bidh iad a’ dèanamh tar-ghineachadh leis an fhiadh ruadh. Ann an cuid de sgìrean, tha sin a’ toirt atharrachadh air an fhiadh ruadh – gnè a tha dùthchasach. Bidh na fèidh Iapanach cuideachd a’ dèanamh sgrìos air craobhan ann

an cuid de dh'àiteachan. Air an làimh eile, bidh cuid de dh'oighreachdan gam marbhadh is a' reic an cuid feòla.

Cha chreid mi gum faigh sinn cuidhteas iad a-chaoidh. Bidh na fèidh Iapanach againn gu sìorraidh. Feumaidh sinn fàs cleachdte ris na fuaimean àraidh a tha iad a' dèanamh.

* * * * *

Faclan na Litreach: buachar caorach: *sheep droppings*; eilid: *hind*; chlisg: *started, showed a startled reaction*; fiadh Iapanach: *sika* ['Japanese'] *deer*; sòisealta: *social*; ceàrnaidh: *locality*; na Crìochan: *the Borders*; tar-ghineachadh: *interbreeding*; dùthchasach: *native*.

Abairtean na Litreach: a' coiseachd gu mall tro choille bheithe: *walking slowly through a birchwood*; bha fraoch a' bhadaid agus am fraoch Frangach fo bhlàth: *the bell heather and cross-leaved heath were in bloom*; bha na dearcana-gorma no dearcana-coille an ìre mhath abaich: *the blaeberrries were pretty much ripe*; air an talamh, far an robh poll, bha lorgan-coise aig fiadh air choreigin: *on the ground, where there was mud, there were the hoofprints of some deer or other*; rud beag na bu lugha na lorgan-coise an fhèidh ruaidh: *a little smaller than the hoofprints of the red deer*; stiall far an robh a cnàmh-droma: *a stripe where her backbone was*; chaidh mi ga h-ionnsaigh gu slaodach: *I went towards her slowly*; ri snotaireachd fad na h-ùine: *continually sniffing the air*; cha d' fhairich i m' fhàileadh: *she didn't detect my smell*; tòrr dhiofar fhuaimnean, eadar fead, sgreuch, glagadaich is gnòst: *many different sounds, between a whistle, scream, clacking and groaning*; bha dà dhiubh làimh ri chèile, agus iad a' spioladh 's ag ionaltradh còmhla: *two of them were next to each other, browsing and grazing together*; air an toirt a-steach a dh'aona-ghnothach le uachdaran: *deliberately introduced by a landowner*; bidh cuid de dh'oighreachdan gam marbhadh is a' reic an cuid feòla: *some estates kill them and sell their meat*; cha chreid mi gum faigh sinn cuidhteas iad a-chaoidh: *I don't think we'll ever get rid of them*; bidh na fèidh Iapanach againn gu sìorraidh: *sika deer will always be with us*; feumaidh sinn fàs cleachdte ris na fuaimean àraidh a tha iad a' dèanamh: *we'll have to get used to the strange sounds they make*.

Puing-chànain na Litreach: eadar na craobhan, **chithinn Loch Nis:** *between the trees, I could see Loch Ness. Chithinn is the first person singular conditional ('would') form of the irregular verb faic 'see'. It can also mean 'I would see' or 'I used to see'. However, it is good to remember that with this verb you don't need to translate 'I could see X' as 'b' urrainn dhomh X fhaicinn'. Chithinn will do the job. This also applies to other verbal forms. For example chì mi can mean 'I can see' as well as 'I will see'. Am faic thu bàta? 'can you see a boat?' Chì 'yes, I can'.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: **Bha mi air mo dhòigh:** *I was very happy.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA